

23 Sultain 2025

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Anns an Ògmhios 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Sgoil Dhalabroig. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard an gnìomh agus an luchd-obrach.

Rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadh air clas-àraich Sgoil Dhalabroig anns na 18 mìosan seo chaidh. Air an adhbhar sin, dh'aontaich sinn le Comhairle nan Eilean Siar agus le Sgoil Dhalabroig nach eil an clas-àraich na phàirt den sgrùdadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha clann modhail, càirdeil, a' toirt sùim do chèile agus a' toirt taic do chèile ann an dòigh mhath an dà chuid ann an ionnsachadh agus ann an coluadar sòisealta. Tha iad a' cumail suas dàimhean deimhinneach le luchd-obrach, a tha gam brosnachadh anns na soirbheasan aca.
- Tha clann a' dèanamh deagh adhartas ann an litearrachd tro Bheurla agus tro Ghàidhlig, agus cuideachd ann an àireamhachd agus matamataig. Tha iad a' gabhail pàirt gu dealasach ann an raon farsaing de ghnìomhachdan a thaobh cànan, spòrs, cultar, ceòl agus cur-seachadan. Tha luchd-obrach agus luchd-pàirt gu h-èifeachdach ag altramadh ùidhean gach pàiste agus am fileantas sa chànan tro eòlasan eadar-mheasgte.
- Thar ùine, tha planadh luchd-obrach agus an dreuchd a bhios luchd-pàirt a' coileanadh air a bhith air an cur gu feum gu math gus barrachd neart a thoirt don bhogadh de dh'àrd-chàileachd a gheibh clann ann an cànan is cultar na Gàidhlig. Tha clann a tha nas òige a' tòiseachadh chòmhradh sa Ghàidhlig, an dà chuid gu neo-eisimeileach agus ann am buidhnean beaga.
- Tha lèirsinn shoilleir aig a' cheannard an gnìomh airson piseach a chur air eòlasan ionnsachaidh na cloinne agus gus buileachadh àrdachadh.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard an gnìomh agus riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Bu chòir do luchd-obrach a bhith a' neartachadh tuigse na cloinne air an eòlas is air na sgilean a tha iad a' togail le bhith a' cleachdadh barrachd shuidheachaidhean fìor-bheatha brìghmhor ann an ionnsachadh, gu h-àraid ann an àireamhachd agus matamataig.
- Bu chòir don cheannard an gnìomh agus luchd-obrach a bhith a' leasachadh dòighean-obrach airson sgrìobhadh a theagasg gus raon nas fharsaing de theacsaichean a ghabhail a-steach, a' toirt comas do chlann a bhith gan leasachadh mar ùghdarran cruthachail.
- Bu chòir don cheannard an gnìomh agus luchd-obrach fiosrachadh bho mheasadh a chleachdadh gu h-èifeachdach, agus an cleachdadh seo a mheudachadh, gus dèanamh

cinnteach gu bheil ionnsachadh na cloinne nas pearsanaichte agus dùbhlachd ann an dòigh nas fhreagarraiche, le piseach ga chur air buileachadh thar a' churraicealaim.

- Bu chòir don cheannard an gnìomh agus luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil clann ann am Meadhan na Beurla ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an dòigh structaraichte agus adhartach, agus a tha a' toirt comas do chlann gus dùilean buileachaidh nàiseanta a choileanadh no a dhol thairis orra ro dheireadh BS7.

Thionail sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile, a' cleachdadh slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagraan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdadh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè a tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tional nan luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Sgoil Dhalabroig

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagraan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Gheàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdadh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Sgoil Dhalabroig | Aithisgean Sgrùdadh – Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle nan Eilean Siar fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdadh an Rìgh